

## Ath-aithne le Màrtainn Mac an t-Saoir



Cha robh Brid ach beagan mhiltean on eilean nuair a dh'fhalbh am fòn-làimh aice. Guth Choinnich a bh' ann, làidir, soilleir mar a bha e riamh, mun deach a shlugadh gu suthain siorraidh tro sgòrnan nam beann.

"And you ok, Ken?"

"Yeah, Ciamar a bha am fear beag?"

"Glan. Fhathast na chadal. Anna gu math?"

"Chan eil dona. Just one emergency shower in the Little Chef. Daddy coped. Ach tha mi beagan air dheireadh. Deadlines. Bidh e mu chairteal an dèidh a h-ochd mus ruig mi taigh Maighread. Na fuirich rium. Thèid sibhse dhan hotel is cha bu chòir gum bi mise cho fada sin às ur dèidh. Maighread 's Mum still up for all this, I take it?"

Bha i sin, ach bha e na b' fhaisge air naoi uairean mun do laigh a sùil air Coinneach Scott agus a nighinn bhig airson na ciad uair.

'S i an fhìrinn a bh' aig Coinneach - bha obair aige ri chrìochnachadh an latha sin - ach 's e fhèin bu chòir gu robh i aige is nach robh e ullamh dhith fada ron a sin. Bha deannan mhiosan ann bho chaidh an deireadh-seachdain air an eilean còmhla ri Brid is Maighread a chur air dòigh. Cha robh Coinneach fhathast cho cinnteach riuthasan gum bu chòir dhan chloinn a bhith na lùib. Chan e iadsan a bha nan caraidean san oilthigh, Mar sin, carson a bha còir aca bhith faighinn air adhart còmhla?

"Nis, cà 'n deach an New Man sin?" orsa Maighread. "Tha mi deimhinnte gum faca mi fear dhen t-seòrsa a' gabhail a-mach air an uinneig dìreach an ceartuair."

'New Man' ann no às, bha Coinneach air cur roimhe o chionn deagh ghreis aithisg air caitheamh-beatha athraichean a sgrìobhadh mu choinneamh sanais a nochd anns an Scotsman aig toiseach na bliadhna. Bha e 'n làn-dùil feuchainn ri pìos a chur thuca air a shuic fhèin an-uiridh ach dh'fhallich air tòiseachadh. Bha am paipear a-nis a' sireadh a leithid is mar sin dh'fheumadh e rudeigin a dhèanamh. Theab nach d' rinn e dad

B' e an Dihaoine sin fhèin an ceann-latha airson nan aithisgean, is chaidh a' chuid bu mhotha dhith a sgrìobhadh air laptop air bòrd a' chidsin eadar uair agus trì uairean sa mhadainn. Bha e air an còrr den oidhche a chur seachad a' crannsachadh an taighe air fad a' feuchainn ri aodach fhèin agus trelaich Anna a chur ri chèile. Cha bu dùraig dha iarraidh air Judith a chuideachadh.

'S e làmh Choinnich fhèin a thairg am pìos-ealain, a bha sgaoilte thar chòig canabhasan, aig oifisean An Albannaich faisg air luchairt Holyrood.

Bha an dìreach cas o Waverly suas gu seann oifisean a' phàipeir air a' chuid analach a thoirt bhuithe mun do mhothaich e dhan t-seòladh ùr, agus cuideachd gu robh dà mhearachd-sgrìobhaidh air a' chiad duilleig dhe sgeul.

Thòisich tè de mhuinntir na Nursaraidh, Chris, air tarraing às gu geur nuair a gheàrr e cruinn-teum a-staigh dhan chidsin aig leth-uair an dèidh a dhà an àite uair feasgar mar a gheall e. A rèir

choltais, chòrd an dinnear nach robh dùil aca a thoirt dhi gu mòr ri Anna bhig. Gu dearbha, cha robh sgath cabhaig oirre falbh. Astar mòr roimhe agus oidhche ann an leabaidh àraid mun faiceadh i sealladh air Calum no Lucy. Ge b' e cò bh 'annta sin? Bha dèideagan gu leòr aice far an robh i. Nuair a bha iad a' tighinn faisg air an eilean mu ochd uairean, stad Coinneach aig cafaidh thartain nach b' aithne dha, airson badan na tè bige a thoirt dhith. Cha robh taigh beag nam fear ach gu math robach, ach chaidh aige air a tòn bheag phinc a dhinneadh dhan t-sinc chumhang gun cus strì no caoinidh. An dèidh dha a tiormachadh, thug e badan ùr as a' phocan B+Q is cheangail e oirre e fon aon bheast. Air muin sin dhùin e an deis-oidhche bhuidhe fhaoileagach sin air an robh dà fhichead putan is a còig.

"Gallachan putain," ors Anna nuair a chaidh fhaighneachd dhith an robh i ag iarraidh sìon ri òl.

"I don't know if we've got that, darlin'."

Bha am boireannach mòr a' sliobadh ceann a' phàiste mar a shliobadh tu each. "What about Ribena? Got your wee birds on, pet. If they your wee night night doves, darlin'? They're lovely."

"Chan eil!" dh'eigh Anna, a fìaclan nan teann-shnagadaich. "Mamaidh lovely."

'G iarraidh Mamaidh," ors ise san aon ghuth nuair a bha Coinneach a' feuchainn ri cur sìos ann an taigh Maighreid. "Nis, Anna, 's e Dadaidh a tha còmhla riut an seo," mhinich a h-athair dhi le òg, a' guidhe air a sùilean ro bheothail dìreach dùnadh.

"Feuch a-nis gun dèan thu norrag, Anna."

"No 'g iarraidh norrag, 'g iarraidh Mamaidh!"

Dh'inns Ealasaid, màthair Maighreid, dhaibh gun tug i cupa bainne dhi mu chairteal gu deich is nach cuala i an còrr bhuaipe fad na h-oidhche. Cha chuala no iadsan, is iad nan suain throm gu 'n do dh'èirich Calum beag aig Brid an dèidh ochd uairean.

Bha an dinnear san taigh-òsta air leth math is air a deagh chur air dòigh. Gach aon dhe còig pàirtean. Bha car de leisge air Maighread agus Brid tòiseachadh às aonais a' ghille-mo-ghnothaich aca; mar sin, nuair a ràinig Coinneach, cha robh iad ach lethach tron bhrot.

"Shiin agaibh sibh," orsa esan an dèidh dha spàin mhòr Phrawn Cocktail a ghlamadh gu sunndach. "Còmhla a-rithist, a dh'aindeoin nam myriad challenges nar beatha ùr riaslach. Deagh shlàinte dhuibh." "Beatha ùr riaslach?" Cha robh ann am Brid ach an t-òc. "Slàinte mhath, a Choinnich. Slàinte, Mhaighread, a ghràidh, agus tapadh leat airson dèanamh cinnteach gun do thachair seo."

"It's your life indeed, ma-tha," orsa Maighread, "ach dè mu dheidhinn na tè bhochd ud shuas - tha treis on a bha ise na bean-cuim air triùir leanabhan. Nach i an t-eun!"

"Well, actually," orsa Coinneach an guth boireann, "cha mhòr gu bheil cuimhne agamsa nuair a bha Anna aig an stage sin, brèagha 's gun robh e. Soon even nappies will be a mere fragrant memory. Tha an nighean againne cho advanced, fhios agad."

"Do dh' Ealasaid NicDhiarmaid, seanmhair na seachdain air prògram Choinnich MhicIomhair." Bha Brid ag èirigh on bhòrd, boinneagan de dh' fhion geal a' feicheadh mar dheòir às a glainnidh. "Agus do Choinneach Eòghainn Mac an Albannaich, a bh' air a' phrògram an t-seachdain sa chaidh, cuimhnich, an aon fheadhainn le boobs chearta ann an Alba."

Thàinig e a-staigh air inntinn Choinnich còmhraidh a bh 'aige ri Brid dìreach seachdainean mun do rugadh Calum. Bha i fhèin a' dol ga bhithachadh ge b' e dè a' chomhairle a bheireadh a màthair is a peathraichean oirre. Cha chuala e idir ciamar a chaidh dhi. An cois a' chòmhradh, nochd dealbh bho àm eile, treis roimhe, nuair a thadhail Brid orrasan ann an North Berwick. Bha i fhèin agus Judith nan suidhe còmhla a' mealtainn shitheannan earraich an t-sòfa mhòir. Bha Anna mu shia mìosan aig an àm agus i a' dol às a rian air adhbhar air choireigin. Nuair a thog Judith a broilleach dhi, dh'èirich Brid a-mach às an t-seòmair an dèidh mionaid no dhà.

"Slàinte mhòr, a Bhrìd," ors esan. Ach cha tigeadh a ghàire idir a rèir na chaidh a ràdh.

Chualas gu leòr a naidheachdan mun bhòrd an oidhche sin. Feadhainn air an robh fhios glè mhath aig Coinneach mar-tha, oir bha gnothach aca ri beatha dhaoine a b' aithne dhaibh le chèile. Coma sin, b' fhiach a h-uile ath-innse. Gheibheadh Brid, ach gu h-àraidh Maighread, air taobh no earball fhilleadh rin aithrisean a dh' fhàgadh na caractaran annta cho èibhinn no cho buileach truagh is nach fhuingeadh tu an deireadh a chluinntinn.

Rud a dh'fhoghlaim Coinneach nach robh fios aige idir air, 's e gu robh Maighread as dèidh fear as a Ghearastan, air an robh Kevin, fhaicinn uair no dha o chionn mìos. Cha robh for aig Alasdair no a màthair. Bha e air a bhith ag obair a leasachadh na seann sgoile, ach bha a chùmhnaidh gus feirgsinn.

Dh' inns i fhèin dhaibh gu robh Calmac air Alasdair a ghluasad chun an Isle of Arran eadar Ceann na Creige agus Ìle. 'S ann ainneamh a bhiodh e a' tighinn a choimhead air Lucy co-dhiù, fiù 's nuair a bha e ag obair na b' fhaisge orra. Cha leigeadh Maighread leis a thoirt air falbh uair sam bith a-nis. A rèir choltais, cha robh Alasdair a' dèanamh gearain ro mhòr mun chùis.

Bha gearain gu leòr aig Brid ga dhèanamh, ge-ta. Bha i leamh, mu dhol a-mach Alasdair ach cuideachd mu dheidhinn suidheachadh na h-obrach aice fhèin. Bha i air tilleadh gu Ninewells pàirt-ùine nuair a bha Calum ceithir mìosan, ach bha iad a' feuchainn ri barrachd uairean a thoirt dhi air sgàth gainne luchd-obrach le comasan air cùram sheann daoine.

"Dè 'm math dhomh sin a dhèanamh? Cha d' fhiach e. Cha dèan iadsan ach tuilleadh Bank Nurses a chaitheamh thugam. Agus dè nì mi leatha sin, òisich gun fheum ann an taigh-caoich?"

"Dè tha lain a' canail?" Thug Maighread sùil gun fhiosta air Coinneach. Sùil a thug Coinneach an aire dhi.

"Chan eil mòran sam bith a' Mhaighread. Tha e ga fhàgail agam fhìn."

"Bidh e fhèin trang, tha mi cinnteach." Bha Coinneach ag amas air ràmh a bhana-charaidean fhaotainn. Ach bha e ro luath is ro shleamhainn dha.

"Yeah. Tha lain trang. lain's always really busy." Cha do chuir Brid an còrr ris ach sin fhèin.

"Agus dè an triom a th' air Judith a Choinnich? 'S fhada o nach robh i a' fònadh. Nis, sin agad boireannaich dripeil dhut." Bu thoigh le Maighreid riamh bean Choinnich. Gu

dearbha, 's gann gum faighte a-staigh orra nuair a gheibheadh iad còmhla. Bha e fhathast a' cur iongnadh air Coinneach an dithis aca a bhith cho mòr aig a chèile. "Tha i gu frogail! Dammit, thuir mi rithe gum fònainn thuice às an taigh agad."

"It's only eleven o'clock, Ken." Bha Brid a' cosg uaireadair mòr ioma-dhathte. "Bidh i gun tilleadh dhachaigh fhathast o oidhche mhòr sa phub. Gun aice ri èirigh tràth a-màireach, ma tha i idir nàdarra, cuiridh mi geall gum bi i a' gabhail brath air a saora àlainn a-nochd."

"Doubt it, Brid. She's got a workshop in the Borders all this weekend."

"Tai Chi?" Bha na mailghean aig Brid air an togail ro àrd.

"Chan e, Yoga. Fancy moving into the bar? I am dying for a pint mòr Guinness."

Gun feitheamh ri freagairt, dh'òl e na bha air fhàgail na ghlainnidh is dh'fhàg e am bòrd.

"Bheil thu a' smaointinn gu bheil esan ok, a' Mhaighread? Nach ann a tha am balach beag busach." Bha Brid a' dèabhadh a bhòtail eatarra.

"Tha latha fada air a bhith aige - dè bha e ag ràdh, gu robh e ag obair air rudeigin gu dà uair sa mhadainn is an uair sin chaidh dàil a chur air a' fàgail Dhùn Èideann, is e leis fhèin cuideachd leis an tè bhig."

"Agus dè an suidheachadh a th' agadsa fad an t-siubhail agus agamsa a cheart bho tric, cha mhòr? Coltach ris a' chuis as motha de dh'fhir, tha Ken a' dèanamh glè mhath, a dh'aindeoin, chan eil mi dol a ràdh a chòrr."

"Chan eil sin coltach riutsa, Bhrid, a m' eudail," orsa Maighread, a' pasgadh a caraid na gàirdeanan, dìreach mar a rinn i ioma h-uair roimhe. "Nach tu a dh' fhàs sìobhalta nad sheann aois, a leadaidh."

Rinn Brid ma b' fhior cagnadh air amhaich Mhaighreid.

Cha robh cinn nan closnach ach air eigin slaodte ris na bu leis iad làran-mhàireach nuair a thòisich ùpraid na moch-mhaidhe. 'S ann an ceann Brid, mar a bhiodh dùil, a bha an clàr-tomhais bu mhionaidiche.

Maighread bu mhotha is bu bhrèagha a sheinn; sia òrain eireachdail mu choinneamh na trì aicese agus a dhà a ghabh Coinneach bochd. Uill, 's e fear de chloinn Dhòmhnail Dhuibh, Pansaidh, a chuir crìoch cheart air 'Fiollagan' dha, ach 's fheàrr do charaid a bhith fialaidh na spiocach le comharran dhen t-seòrsa.

'S i fhèin, Brid nam buideal, bu mhotha a rinn òl, cheannaich Murdo Raisins tè mhòr Jack Daniels dhi, gun fhaighneachd, nuair a bha i na seasamh a' feitheamh round do chàch. Bha uair ann a bhiodh i ro dheònach an t-astar eadar a chlàragan is a chùlagan a thomhas le bàrr a teangadh, ach bha Murchadh còir a dhol na bhodach beag. Chan e adhbhar dram a dhiùltadh a bha sin, ge-tà.

'S e 'the sensitive boy', Ken Mòr a cridhe, a rinn a' chùis gu buileach air na caileagan a-thaobh na bhruidhneadh de spùt. Agus e cho cruaidh orrasan cuideachd. Mac na tè sin, duine gun nàire, dìreach - dè an rud a thuir Maighread nuair a bha e a' cur às a chorp, mar gum biodh ga dhion fhèin, mu 'the need to differentiate clearly between active love duties and theoretical love duties'.

"Aghaidh air a' ghille tha seo a rachadh tro aghaidh teine."

"Get out your pit, Scott. You're not a wee student now boyo. You've got parental responsibilities to disabdicat!"

Bha Brid na seasamh os cionn a' phocain-chadail aige le Anna bhig leth-rùisgte na h-uchd.

"Bheil fios agad air seo, Anna? A bheil thu a' faicinn a' chnap-feòla a tha sin am falach fodhad? Uel, 's e d' athair a tha sin. Agus 's e sin am fear a tha ag iarraidh am poo a sgrìobadh far do dhrathais agus na faoileagan beaga bochda a chur am bogadh."

"Agh, faoileag beag bochd, feòil math ag iarraidh feòil," ors an tè bheag is i ag imlich cluas

chli a h-athar tron phocan.

"Oh, no, don't tell me. An do rinn thu poo na do bhadan, a' m 'eudail."  
"Cha rinn!"

"Bongle bheag chealgach a th' annad. She was suppose to be in on the gag. Ken. Been on 'The Kenny Scott Mornings Masterclass', I'd say. Creid seo no nach creid, ach thàinig a' bhana-phrionnsa bheag gheusta seo a-staigh thugamsa agus, quite the thing, thuir i gu robh i ag iarraidh poo a dhèanamh, anns an toileat, is shìn i a làmh dhomh. Dadaidh, orsa mise le ùghdarras, feumaidh tu dhol gu Dadaidh.

"O, chan fheum," orsa ise, 'Dadaidh na chadal mòr mòr.' Ach rinn i sònraichte math - 's tu a rinn, Anna."

"An do rinn thu poo anns an toileat, Anna?" chagair Coinneach ri nighinn ghaolaich, an dèidh do Bhrìd an doras a dhùnadh.

"Rinn," ors ise gu moiteil, "còmh' ri Brid!"

Thug e an tè bheag a-staigh dhan phocan-chadail, ga fasgadh gu teann ri bhroilleach. Dh'ath-dhùin e a shùilean feuch am faiceadh e air èiginn calpa no òrteach craicinn air cùl amhaich. Bha an fàileadh aice an t-seòmar gun a thrèigsinn fhathast, ach bha fàileadh mìis na tè bige, is a beul a' steamhnachadh bho shròin gu bheul-san, ga shìor mhùchadh.

"Dè fon ghrèin a tha do mhàthair air a chur ann an sin dhuinn, a Mhaighread. Tha mi fhathast buidheach on bhracaist aice."

Bha Coinneach, Brid, Maighread, Anna, Calum agus Lucy air an Tràigh Shiar a ruighinn. 'S ann bho chreig mhòir dham biodh Maighread daonnan a' fighinn na h-ighinn òig a bha iad a' gabhail fasgaidh. Bha an dearbh thè a' feuchainn ri cupa a lorg anns a' bhaga aice.

"Dìreach bonnach no dhà. Fhios agad, a Bhrìd. Rud beag a chumas an t-acras dhinn gu

'm faigh sinn dinnear mhòr mharbhtach bhuaipe a-nochd. Nis, a Choinnich, dè a b' fheàrr leat: sgonn mòr le silidh no le càise? Nach gabh thu na dhà, a ghaol, 's tu gus a dhol bhuaithe?"

"Coinneach òg 's e fàs..." Thòisich Brid.

"Just stop working on me, you nasty wee òighean suairce. You're spoiling all this amgic serenity."

"Agus sguir thusa a' dh' fheuchainn ri gainmheach a' chaitheamh air Anna, a' Chaluim Bhig," Dh'èigh Brid ri gille bàn rosadach, mar dhearbhadh air faoineas Choinnich.

"Nis, tha slige bhrèagha aice - leig leatha a cur rid chluais gu 'n cluinn thu fuaim na mara."

"Fum," orsa Calum

"Fuaim! 'S e! Tha thu ceart. Glè mhath, a' Chaluim, nach tu an gille mòr!"

"Beir air làimh air Calum, Annam gu 'n cùm e na sheasamh - 'n taobh eile, m' eudail, tionndaidh an t-slige an taobh eile, Anna. Dad ort, seallaidh mi dhut."

Cha do chuir leasan nan sligean no serenity Choinnich Lucy bheag chòir far a norraig an dòigh sam bith. Chùm i a ceann beag falaichte fo sgeith am broinn na papoose a bha fhathast fo sheacaid a màthar. 'S e òran gu math fhachdmhor a bha a com is a cridhe a' dùrdail dhi.

"Rionnag a tha nad mhàthair, a Mhaighread." Bha Coinneach a' sracadh Velcro agus a' sgapadh chriomagan arain. "Tha mise cinnteach gun còrdadh Dùn Èideann rithe. Seall, bhùireamaid Business Class Return dhi air Highland Scottish, cupa tì agus digestive nuair a ruigeadh i, an aon rud mun falbhadh i. Can uair sa mhìos - chan iarramaid an còrr oirre. Nach biodh sin reusanta gu leòr? Agus air a shon sin uile, cha leigeadh ise leas ach am biadh a dhèanamh dhuinn agus aon oidhche baby-sitheadh. What a deal. Tha i cho math leis an tè bhig co-dhiù. Chan e obair a bhiodh ann dhi."

"Uair sa mhìos? Rud beag cus, 's dòcha." Chuir Maireadh a làmhan air ais air druim a' phàiste meanbh. "Tha mo mhàthair ceart gu leòr na dòigh fhèin. Chan eil aon sìon nas fheàrr leatha na stior air choireigin. Ach...tha droch naidheachd agam dhut, a' Choinnich. Deagh naidheachd dhutsa, Bhrìd!"

Dh'èigh Maireadh a naidheachd gu làidir an aghaidh na gaoithe, ach cha chuala Brid aon lide dhith, oir bha i fhèin, Calum is Anna fad' air falbh a' tomhas stuaghannan. "Coinneach a tha dèanamh na dinnearach a-nochd!"

Bha taigh-aire gu bhith ann an oidhche sin. Cailleadh às a' Cheann a Tuath, air an robh a màthair car eòlach, air bàsachadh. Bha fuine is gnothaichean eile aig Ealasaid ri dhèanamh air a shon a bharrachd air obair an taighe aice fhèin. Bha i dol a dh'fhalbh suas cho luath 's a gheibheadh i cuidhteas 'an crowd agus Maireadh' sa mhadainn.

Bha Maireadh air tachairt ri Màiri Uisdein ach chan l a màthair a thug ann i idir ach Alasdair. Bhuineadh esan dhan bhoireannach bhochd is bha e ag iarraidh gun tachradh Maireadh rithe nuair a thug e fhèin is a fhèin gealladh-pòsaidh seachad an toiseach.

Ach fad a' chòrr dhen fheasgar sin air an Tràigh Shìair - fhad 's a bha clann gan socrachadh, gan toileachadh is gam biathadh; badain gan atharrachadh is gan truailleadh le craiteachain gainmheach sheòlta; sligean na b' annasaiche na chèile gan lorg is gam mion-sgrùdadh; caistealan gam fàgail daingean le drochaidean muirsgein agus brataich iteagach - dh' iarr tonnan mòra, ùidh air n-ùidh, a bhith na bu ghiorra do thir agus dh'fhiosraich triùir dheagh charaidean buille ùr shnasail.

Bha Coinneach math, math gu dèanamh bidh. 'S e bu thrice a smaoinicheadh air fiathachadh a thoirt gu dinnear nuair a bha iad nan oileanach còmhla. Nam b' e Disathairne a bh' ann, chuireadh e seachad fad an fheasgair ann an seann lèine-tì is shorts, no fiù 's nas miosa, ga h-ullachadh.

Uaireannan thigeadh ochdnar aoighean acrach gu flat mhòr athar, ach glè thrice cha bhiodh ann ach e fhèin. Maireadh agus Brid. Bha e air dinnear no dhà a thoirt do Bhrìd na h-aonar - iasg geal ann an sabhs liomaid is mil an tè mu dheireadh, profiteroles nach deach ithe riamh - ach bha grunn bhliadhnan air triall on uair sin.

"Mach às a sin, a Chalum, chan eil mi smaointinn gu bheil thu ag iarraidh uinnean fheuchainn an-dràsta, cuiridh e far do bhrot thu. Anna, an toir thu leat Calum beag a-mach às a' chidsin. An do sheall thu an doileag dhubh dha?"

"Fios agad, bidh mo mhàthair-sa fhathast a' gabhail golliwogs orra sin agus air daoine dubha uaireannan. Nach eil e cianail."

Bha Maighread a' cur ceithir botail ghilana a-staigh do steriliser.

"Diabhlaidh, chanainn. Nach sibh a tha neo-PhC anns a' Chinoc Àrd. Falt dubh a th' oirre, Mhaighread. An doileag dhubh. Thusa cho siùbhlach cuideachd, uill, uill."

Bu thoigh le Coinneach uaireannan pòg mhòr a thoirt do Mhaighreid. Bha rudeigin mu deidhinn a bha doirbh dha a chur ann an faclan. Ach chùm e a smaointean aige fhèin aon uair eile.

"Mmm, feuch am fàileadh. Nach ann air na scrambled eggs agad a thàinig am piseach, ill' òig. Bha thu car faisg air a bhith deiseil - 's e dìreach gu robh mi smaointinn air searaidh bheag eile a thairgsinn dhan Mhnaoi-uasail Nic an Aba, a tha air a bhith cho foighidneach leis a' chloinn fad an fheasgair."

"Bheir dhi am botal," orsa Coinneach gu cas, a' dòrtadh làn glainne de dh' fhion dearg a-staigh dhan phoit. "Bithear a' suidhe airson suipearach air leth-uair an dèidh a seachd. Ok> Ach faodar clann bheag a lionadh agus an caitheamh dhan leabaidh uair sam bith. Tha an t-searbhanta is an eanraich air fuarachadh."

Ma bha, cha ghabhadh Calum aon spàin dhith; bha glas a bheòil air ragadh. Cha do ghabh Anna ach beagan, is i ro thrang a' brosnachadh an fhir bhig le a spàinidh fhèin gu gèilleadh. 'S i Lucy a b' fhasa dhen triùir a riarachadh - ghabh i deagh chuid dhe botal agus seachd spàinean de rus mìn geal. Gu h-iongantach, bha a' chlann uile nan sìneadh, ged nach robh nan cadal, aig beagan an dèidh cairteal gu h-ochd.

"What a man," orsa Brid. "Can you pour me just another quarter of a bowl of Tom Yam, Ken. It's so yammy, haa-haaa. Mionaid bheag, haa-haaa-haaaa."

Chluinneadh tu on chidsin an lasgan fhathast a' toirt crathadh oirre, 's i feuchainn ri smachd fhaighinn air Calum is oirre fhèin shuas an staidhre.

Ach bha Tom Yam aig Coinneach bho math ri brot a rinn e riamh dhaibh, agus fhuair a chearc mhilis, air glasraich bheag fhoileagach, a fìor dheagh ghabhail roimhe. Leig Brid brùchd mòr aiste nuair a bha i a' feuchainn ris an dinnear a mholadh am faclan a chòrdadh ri Coinneach. Theab i dhol ann an laigse leis a' ghàireachdaich a bh 'oirre, is shìl sùilean Maighreid an làn-leòr.

Bha e na b' fhasa bruidhinn mun dessert. Measan ùra le uachdar is iogart Ghreugach. Bha fhios aig Maighreid dè bu chòir dhi cheannach dhan mhasterchef agus cuideachd de bu chòir dhi ràdh ris.

"Perfect, a Choinnich. Tha thu air leth, a bhalaich. Nighidh mise na soithichean a-nochd. Leigidh mi leatsa an tiormachadh. Air m 'onair, thoil thu e. Nis, bheir leat do ghlainne a-staigh dhan living room còmhla ri Big Bridget MacNab, gu 'n dèan mi beagan percolation. Faodaidh sibhse na thogras sibh a dhèanamh."

"Saoil am faod," dh'fhaighneachd Brid, 's i a' sealltainn tro na CDs aig Maighreid. Bha sùilean Choinnich ann am West Highland Free Press na seachdainne.

"Sgath nas fheàrr agad na Simply Red, a Mhaighread?" Dh'èigh i. "Cuimhin' agad, bha deich bliadhna ann uaireigin ris an canadh iad na Nineties cuideachd. Ach, a Thighearna, 's dòcha nach eil! An inns thusa dhomh nis? Sion ach an t-ùghdair, a' leadaidh. An dearg-fhìrinn ghlàn. Cò cheannaich My Shoes Keep Walking Back to You? Coma leam do bhreugan beaga dubha. Cha bhi do mhàthair a' fighinn an-seo cho tric sin. Accommodating the babysitter. Tha thu nad neach-leantainn dìomhair aig Daniel O' Donnell, agus 's e seo do chlàsaid bheag."

Cha do leig guth òg Mick Hucknall le Maighreid i fhèin a dhion no le Brid an còrr thàthagan a thilgeil oirre. Bha am fuaim air a chur fada suas, agus le seòtachd putan no dhà air an inneal, bha an còmhlan aige a-nis a' tathaich an t-seòmair-shuidhe.

Thionndaidh Brid air a sàil mu choinneamh Choinnich; air a sàil ghòirt. Dh'èirich esan na sheasamh is

rollig e am pàipear gu cabhagach mun do chniadaich e na dhà làimh e.

"Holding back the years," sheinn e gu piantail na maicreafòn, "Thinking of the fear I've had so long." Dhanns e corra cheum sàbhailte ris a' cheòl, an taobh a bha i. "Holding back the tears Brid....wasted all those years."

'S e Alasdair a bh' air an CD aig Daniel O' Donnell a thoirt do Mhaighreid, ach cha b' urrainn dhise na deòir a chumail air ais, 's i na suidhe leatha fhèin sa chidsin a' feitheamh a' chofaidh a' goil airson bliadhnachan.